

C1-2-3-1 Modal 2 Aonad 3 Càit a bheil thu a' fuireach? Earrannan Èisteachd

Earrann 1 (1. Èist) Càit a bheil thu a' fuireach?

- C1-2-3-2 a. Daibhidh: Càit a bheil thu a' fuireach, a Chalum?
Calum: Tha mi a' fuireach ann an Steòrnabhagh ann an Leòdhas.
- C1-2-3-3 b. Daibhidh: Càit a bheil thu a' fuireach, a Chatrìona?
Catrìona: Tha mi a' fuireach anns an Òban.
- C1-2-3-4 c. Daibhidh: A bheil thu a' fuireach ann an Glaschu, Iain?
Iain: Chan eil. Tha mi a' fuireach ann an Dùn Èideann.
- C1-2-3-5 d. Daibhidh: Càit a bheil thu a' fuireach, a Mharsaili?
Marsaili: Tha mi a' fuireach ann an Inbhir Nis.
- C1-2-3-6 e. Daibhidh: Càit a bheil thu a' fuireach, a Phàdraig?
Pàdraig: Tha mi a' fuireach ann am Port Rìgh anns an Eilean Sgitheanach.
- C1-2-3-7 f. Daibhidh: A bheil thu a' fuireach ann an Obar Dheathain, Stacey?
Stacey: Chan eil. Tha mi a' fuireach ann an Dùn Dèagh.
- C1-2-3-8 g. Daibhidh: Càit a bheil thu a' fuireach, a Dhòmhnall Iain?
Dòmhnall Iain: Tha mi a' fuireach ann am Peairt. Tha Anna a' fuireach ann an Sruighlea.
- C1-2-3-9 h. Daibhidh: A bheil sibh a' fuireach ann an Uibhist, a Sheonag?
Seonag: Chan eil. Tha mi a' fuireach anns na Hearadh.

C1-2-3-10 Earrann 2 (2. Èist) Càit a bheil sibh a' fuireach?

- C1-2-3-11 a. Hallò! Seònaid an seo. Tha mi a' fuireach ann an Geàrrloch.
- C1-2-3-12 b. Tha Alasdair a' fuireach anns a' Ghearasdan.
- C1-2-3-13 c. Seumas: A bheil Ceitidh agus Pòl a' fuireach ann an Inbhir Pheofharain?
Iain: Chan eil. Tha Ceitidh a' fuireach ann an Ulapul ach tha



Pòl a' fuireach ann am Barraigh.

- C1-2-3-14 d. Mairead: Hallò, Fhionnlaigh.
Fionnlagh: A Mhairead, hallò! 'S fhad' on uair sin!
Mairead: Càit a bheil sibh a' fuireach?
Fionnlagh: Tha mi a' fuireach ann an Obar Pheallaidh
- C1-2-3-15 e. Chan eil mi a' fuireach ann an Tiriodh. Tha mi a' fuireach ann an Tobar Mhoire ann am Muile.
- C1-2-3-16 f. Pàdraig: A bheil Ruairidh a' fuireach ann an Àird nam Murchan?
Màrtainn: Chan eil. Tha e a' fuireach ann an Alanais.
- C1-2-3-17 g. Màiri: A bheil thusa a' fuireach ann an Goillspidh?
Seonag: Chan eil. Tha mi a' fuireach ann am Baile Dhubhthaich.

C1-2-3-18 Earrann 3 (4. Èist) Ann an Glaschu

- C1-2-3-19 a. Is mise Seònaid, tha mi trì-deug agus tha mi a' fuireach ann an Leòdhas.
- C1-2-3-20 b. Tha mi a' fuireach anns an Òban. Is mise Daibhidh. Tha mi còig-deug.
- C1-2-3-21 c. 'S e Iain an t-ainm a th' orm. Tha mi a' fuireach ann an Glaschu agus tha mi aon-deug.
- C1-2-3-22 d. Is mise Karen. Tha mi sia-deug agus tha mi a' fuireach anns a' Ghearasdan.
- C1-2-3-23 e. Tha mi seachd-deug, tha mi a' fuireach ann am Malaig agus 's e Marc an t-ainm a th' orm
- C1-2-3-24 f. Hai! Is mise Anna-Màiri. Tha mi ceithir-deug agus tha mi a' fuireach ann an Dùn Dèagh. Càit a bheil thu fhèin a' fuireach?

C1-2-3-25 Earrann 4 (8. Èist) Tha e brèagha

- C1-2-3-26 a. Tha mi a' fuireach ann an Obar Dheathain. Chan eil e beag, tha e mòr.
- C1-2-3-27 b. Tha mi a' fuireach anns na Hearadh. Tha na Hearadh snog.
- C1-2-3-28 c. Tha mi a' fuireach ann an Glaschu. Tha Glaschu trang.
- C1-2-3-29 d. Tha mi a' fuireach anns a' Phloc. Tha am Ploc brèagha.
- C1-2-3-30 e. Tha mi a' fuireach ann am Peairt. Tha Peairt gu math snog.
- C1-2-3-31 f. Tha mi a' fuireach anns a' Ghearasdan. Chan eil an Gearasdan uabhasach mòr, ach chan eil e beag.



C1-2-3-32 Earrann 5 (9. Èist) Tha e snog

- C1-2-3-33 a. Hai! Alasdair an seo. Tha mi a' fuireach ann an Dùn Èideann. Tha e mòr agus trang.
- C1-2-3-34 b. Is mise Diane. Tha mi a' fuireach ann am Muile. Tha e beag agus inntinneach.
- C1-2-3-35 c. Cailean: Càit a bheil thu a' fuireach, a Chairistiona?
 Cairistiona: Tha mi a' fuireach anns an Eilean Sgitheanach.
 Cailean: Cò ris a tha e coltach?
 Cairistiona: Tha e uabhasach brèagha
- C1-2-3-36 d. Tha Pòl a' fuireach ann an Sruighlea. Chan eil e beag, tha e mòr!
- C1-2-3-37 e. Fionnlagh an seo. Tha mi a' fuireach ann am Barraigh. Tha e càirdeil agus sàmhach.

C1-2-3-38 Earrann 6 (13. Èist) Bailtean agus Eileanan

- C1-2-3-39 a. Tha mi a' fuireach ann an Inbhir Ùige. Tha Inbhir Ùige ann an ceann a tuath na h-Alba.
- C1-2-3-40 b. Tha mi a' fuireach ann an Glaschu. Tha Glaschu ann an ceann a deas na h-Alba.
- C1-2-3-41 c. Tha mi a' fuireach ann an Tìriodh. Tha Tìriodh air taobh siar na h-Alba.
- C1-2-3-42 d. Tha mi a' fuireach ann an Obar Dheathain. Tha Obar Dheathain air taobh sear na h-Alba.

C1-2-3-43 Earrann 7 (Sùil air ais 4) Air an TBh

- C1-2-3-44 a. Is mise Màrtainn MacLeòid. Tha mi caogad 's a h-aon agus tha mi a' fuireach ann an Glaschu. Tha Glaschu mòr agus trang.
- C1-2-3-45 b. Is mise Raonaid Mhoireach. Tha mi seasgad 's a naoi agus tha mi a' fuireach ann an Uibhist. Tha e brèagha agus sàmhach.
- C1-2-3-46 c. Is mise Calum MacDhòmhnaill. Tha mi seachd-deug agus tha mi a' fuireach ann an Inbhir Pheofharain. Tha Inbhir Pheofharain faisg air Inbhir Nis.

